


STORYWORLDS



# Cailleach a' bhotail



Air ath-innse le Rosalind Kerven • Na dealbhan Tim Archbold

# Cailleach a' bhotail



Air ath-innse le Rosalind Kerven  
Na dealbhan Tim Archbold  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR





Uair bha siud chunnaic sìthiche còir botal  
fìon-geur.  
Bha doras, uinneagan agus similear air!



Stad an sìthiche agus thug i sùil air.  
Dìreach an uair sin dh'fhosgail an  
doras agus thàinig cailleach a-mach.






Thuir a' chailleach ris an t-sìthiche,  
"Tha mise a' fuireach sa bhotal seo,  
ach cha toil leam e.  
B' fhèarr leam gu robh taigh ceart agam."




"Cuidichidh mi thu," ars an sìthiche.  
"Gheibh thu do mhiann.  
Coisich sìos an rathad agus chì thu  
taigh beag."





Choisich a' chailleach sìos an rathad.  
An sin bha taigh beag brèagha.  
Dh'fhosgail i an doras agus chaidh i  
a-steach.



An uair sin sgèith an sìthiche chun an taighe.  
“Thug mise dhut do mhiann, a chaillich,”  
ars an sìthiche. “A-nis dè chanas tu rium?”





Thàinig a' chailleach a-mach agus drèin oirre.  
Cha robh i toilichte.  
“Tha an taigh seo ro bheag dhomh,” thuirt i.  
“Tha mise ag iarraidh taigh mòr.”



“Tha thu ag iarraidh taigh nas motha?”  
ars an sìthiche.  
“Gheibh thu do mhiann.”  
Coisich sìos an rathad agus chì thu  
taigh mòr.”





Choisich a' chailleach sìos an rathad.  
An sin chunnaic i an taigh mòr.  
Dh'fhosgail i an doras agus  
chaidh i a-steach.



Sgèith an sìthiche chun an taighe.  
“Thug mi dhut do mhiann,” ars an sìthiche.  
“Dè chanas tu rium a-nis?”






Thàinig a' chailleach a-mach agus drèin oirre.  
Cha robh i toilichte.

“Chan eil mi ag iarraidh taigh idir a-nis,”  
thuirt i.

“Tha mi ag iarraidh caisteal.”



“Caisteal! Tha thu ag iarraidh caisteal a-nis?”  
ars an sìthiche.

“Gheibh thu do mhiann.

Coisich sìos an rathad agus chì thu caisteal.”





Choisich a' chailleach sìos an rathad agus  
chunnaic i caisteal.  
“Nis tha mi toilichte,” thuir i.  
“Sin a bha mi ag iarraidh.”  
“Glè mhath,” ars an sìthiche. Dè chanas tu  
riumsa a-nis?”  
Ach cha chanadh a' chailleach na facail idir.



Bha an sìthiche uabhasach crosta.  
“Thug mi dhut taigh beag.  
Thug mi dhut taigh mòr.  
An uair sin thug mi dhut caisteal.  
Ach cha tuirt thu TAPADH LEAT!”





Mar sin, chuir an sìthiche a' chailleach  
air ais dhachaigh gu a taigh-botail.

Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND  
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE  
IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Margaret Nash 1996

A' chiad fhoillseachadh 1996

2005 2004 2003 2002 2001  
10 9 8 7 6 5

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2002 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte  
air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo  
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho  
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn  
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha Margaret Nash a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh  
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington

LAGE/ISBN 0 86152 655 4